

Litir do Luchd-Ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at rodny.macleam@bbc.co.uk **

An ceann beagan làithean tha oidhche shònraichte gu bhith ann – Oidhche Challainn. “Ach fuirich ort, Ruairidh!” tha sibh ag ràdh. “Bha Oidhche Challainn againn o chionn beagan làithean is nach eil deagh chuimhn’ agam fhathast air na dramaichean ’s na pògan!” Uill, tha sibh ceart, ach tha mis’ a’ ciallachadh Oidhche Challainn an t-seann nòis. Agus chan eil àite nas fheàrr ann an Alba airson sin a chomharrachadh na’m Broch ann an Siorrachd Mhoireibh – far a bheilear a’ losgadh a’ chlàibhidh.

’S e a’ Bheurla a th’ air a’ Bhroch – *Burghead* – agus ’s e baile beag a th’ ann air cladach Linne Mhoireibh. Gu h-eachdraidheil, bha e gu math cudthromach leis gu robh e na phrìomh àros aig na Cruithnich. Bha dùn mòr mòr ann ach cha mhòr gu bheil rud sam bith air fhàgail dheth an-diugh. Is mòr am beud.

Chaidh an dùn a mhilleadh nuair a thogadh bail’ ùr aig toiseach an naoidheamh linn deug. Ach bha aon rud ann nach deach a mhilleadh. ’S e sin an seann chleachdadh a bh’ aca an uairsin, agus a th’ aca fhathast, air Oidhche Challainn. Air an aonamh latha deug dhen Fhaoilleach gach bliadhna, bidh na “*Brochers*” mar a chanas an fheadhainn a bhuineas don bhaile riutha fhèin, a’ falbh timcheall leis a’ chlàibhidh.

Tha an clàibhidh na leth-bharaille làn teàrr agus maidean a tha a’ losgadh, agus tha e air a ghiùlain air pòla le sgioba de dh’fhir. Anns an dorchadas, ’s e gnothach air leth a th’ ann, le lasairean buidhe a’ leum gu h-àrd agus teàrr ghoileach a’ dortadh sìos air guailnean an luchd-giùlain.

Tha aon fhear os cionn chàich – “Rìgh a’ Chlàibhidh” – agus ’s ann airsan a tha an t-uallach airson dèanamh cinnteach gun obraich cùisean a rèir an t-seann dualchais. Tha am pòla agus an leth-bharaille air an cur ri chèile le tarrag a th’ air a spàrradh le clach. Agus thathar a’ cur teine ris a’ chlàibhidh an toiseach le fàd-mònach à teine ann an taigh àraidh. Nì an “Rìgh” cinnteach cuideachd gu bheil connadh gu leòr ann, agus gu bheil a h-uile nì air a dhèanamh gu sàbhailte, leis gum bi na ceudan gan leantainn timcheall a’ bhaile.

Fhad ’s a tha iad a’ dol, bidh daoine a’ ruith a-mach às na taighean aca le miotagan sònraicht’ orra, airson maide leth-loisgte fhaighinn a-mach às a’ chlàibhidh. Carson? Uill, tha iad ag ràdh, ma chumas iad am maide slàn fad na bliadhna, bidh deagh fhortan aca. Tha an cleachdadh, mar a shaoileadh sibh, gu math sean.

Gu dearbh, bha an Eaglais uaireigin trom air an fheadhainn a bha a’ losgadh a’ chlàibhidh. Anns an Fhaoilleach, sia ceud deug, ceithir fichead ‘s a naoi (1689), chuireadh casaidean as leth gille òg, Uilleam MacIlleDhuinn, agus a charaidean, gun do “loisg iad clàibhidh, gu robh iad an sàs ann an adhradh saobh-chràbhach agus gun do bheannaich iad an cuid eathraichean a rèir an t-seann chleachdaidh phàganaich, an aghaidh gach riaghailt na h-Eaglaise...”

Uill, nan robh e sean an uairsin, tha e uabhasach sean a-nise – fada nas sine, mar eisimpleir, na fèill-theine eile anns an Fhaoilleach a tha mòran nas ainmeile – Up-Helly-Aa ann an Sealtainn. Nise, 's dòcha gum bi cothrom aig cuid agaibh faighinn ann agus, mar sin, chan eil mi a' dol a dh'innse dhuibh dè thachras aig an deireadh. Fàgaidh mi sin don ath sheachdain. Ach tha cuimhne agam air turas a bha mi ann aig an deireadh. Thachair mi ri fear as aithne dhomh aig a bheil Gàidhlig – fear Aimeireaganach. “Tha seo,” thuirt e, “dìreach *spectacular!*” 'S fhiach a dhol ann.

* * *

Faclan na seachdaine: Oidhche Challainn: *Hogmanay*; Oidhche Challainn an t-seann nòis: *the night before the Old New Year (12 January)*; Siorrachd Mhoireibh: *Morayshire*; dùn: *fort*; an clèibhidh: *the clavie (we shall look at a possible Gaelic origin for the word next week)*; fàd-mònach: *a peat*; connadh: *fuel*; ceudan: *hundreds (of people)*; miotagan: *gloves*; leth-loisgte: *half-burnt*; slàn: *entire*; adhradh saobh-chràbhach: *superstitious worship*; fèill-theine: *fire festival*.

Abairtean na seachdaine: fuirich ort!: *wait a minute!*; nach eil deagh chuimhn' agam fhathast air na dramaichean 's na pògan: *don't I well remember the drams and the kisses*; leis gu robh e na phrìomh àros aig na Cruithnich: *as it was a prime abode of the Picts*; chaidh an dùn a mhilleadh nuair a thogadh bail' ùr: *the fort was destroyed when the new village was built*; air an aonamh latha deug dhen Fhaoilleach: *on the 11th January*; leth-bharaille làn teàrr agus maidean a tha a' losgadh: *a half-barrel full of tar and sticks which are burning*; tha e air a ghiùlain air pòla le sgioba de dh'fhir: *it is carried on a pole by a team of men*; 's e gnothach air leth a th' ann: *it is a grand business*; agus teàrr ghoileach a' dortadh sìos air guailnean an luchd-giùlain: *and boiling tar pouring down on the carriers' shoulders*; 's ann airsan a tha an t-uallach airson dèanamh cinnteach gun obraich cùisean a rèir an t-seann dualchais: *it's on him that is the responsibility to make sure that things work according to tradition*; le tarrag a th' air a spàrradh le clach: *with a nail that is driven home with a stone*; chuireadh casaidean as leth gille òg, Uilleam MacIlleDhuinn: *charges were laid against a young lad, William Brown*; gun do bheannaich iad an cuid eathraichean a rèir an t-seann chleachdaidh phàganaich: *that they blessed their boats according to the old heathen custom*; chan eil mi a' dol a dh'innse dhuibh dè thachras aig an deireadh: *I'm not going to tell you what happens at the end*; 's fhiach a dhol ann: *it's worth going*.

Puing ghràmair na seachdaine: Tha aon fhear os cionn chàich: *one man is above all the rest*. Càch is a really useful word which means “the rest” or “the others” of a group. In the nominative it is càch, eg dè tha cach ag ràdh? (*what do the rest say?*). In the dative it is càch or chàch depending on whether or not the preposition causes lenition, eg tha beachd eadar-dhealaichte aig càch (*the rest have a different opinion*); ràinig e an stèisean deich mionaidean ro chàch (*he reached the station ten minutes before the rest*). But in the genitive case, as following a compound preposition, it is chàich, eg thàinig mi an dèidh chàich (*I came after the rest*); nochd e air beulaibh chàich (*he appeared in front of the others*). And the same applies when the genitive is employed as a possessive, eg bha amharas aige nach biodh aodach chàich spaideil gu leòr (*he suspected the others' clothes would not be smart enough*).

Gnàths-cainnt na seachdaine: is mòr am beud: *it's a great pity*. This is a frequently used phrase. In the past tense it is bu mhòr am beud (*it was a great pity*).

* “*Litir do Luchd-Ionnsachaidh*” is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig